

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A' CUR FÀILTE AIR SEICICHEAN GÀIDHLIG LEIS A' BHANCA RÌOGHAIL

15 An Cèitean 2009

Chuir Bòrd na Gàidhlig fàilte air dearbhadh gu bheil Banca Rìoghail na h-Alba deònach gabhail ri seicichean le briathrachas Gàidhlig.

Sgrìobh Cathraiche a' Bhùird Art MacCarraig gu Ceannbhair a' Bhanca Rìoghail Stephen Hester ag iarraidh air cead a thoirt a bhith a' gabhail ri leithid de sheicichean. Nis, an dèidh coinneachadh ri riochdairean bhon Bhanca Rìoghail ann an DunEideann còmhla ri Ball Pàrlamaid nan Eilean Siar Alasdair Allan, tha am Banca air leigeil fhaicinn gu bheil iad deònach gabhail ri seicichean le briathrachas Gàidhlig.

Seo mar a dh'aontaich na bha an làthair a' chùis aig a' choinneamh.

“Tha sinn uile mothachail gu bheil cùisean rin rèiteach a thaobh cleachdaidhean agus modhan-obrach, leithid a-measg luchd-bhùitean agus luchd-malairt eile air feadh na dùthcha ma bhios aca ri seicichean a làimsheachadh le briathrachas Gàidhlig. Tha am Banca Rìoghail ged tha air a bhith adhartach agus cuideachail ann a bhith a' sireadh fuasgladh air na ceistean seo agus deònach a' chùis a thoirt air adhart. Chan eil teagamh nach eil am Banca Rìoghail fìor thaiceil do choimhearsnachd na Gàidhlig agus tha sinn a' cur fàilte air mar a thathas a' daingneachadh sin, agus tha sinn gu mòr nan comainn airson na tha iad ag iarraidh a dhèanamh airson Gàidhlig a thoirt air adhart agus fhoillseachadh, an dà chuid tron obair aca agus tron taic a tha iad a' toirt do thachartasan cultarail. Tha fiughar again a-nis ri bhith a' togail air sin agus ag obair còmhla son seasmhachd na Gàidhlig a neartachadh an co-bhuinn ri coimhearsnachd na Gàidhlig gus an soirbhich sinn le chèile.”

Chuir Art MacCarraig fàilte air taic a' Bhanca Rìoghail. Thuirt e: “Bha sinn gu math draghail nuair nochd an naidheachd gu robh e coltach nach biodh am Banca a' gabhail ri seicichean le briathrachas Gàidhlig, agus gum biodh sin a' lagachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an obair aca an raon nas fharsainne. Bu mhath leinn a' nis a bhith an coluadar le bancaichean eile agus buidhnean ionmhais feuch an gabh cleachdadh na Gàidhlig sgaoileadh nas fharsainne ann an cleachdaidhean obrach agus modhan dèiligeadh ris a' mhòr-shluagh, air loidhne agus nan obair làitheil. Tha mi air leth toilichte leis a' chòmhradh a bh'againn leis a' Bhanca Rìoghail agus tha mi làn chinnteach gum bi ceum mar seo air leth cuideachail anns an oidhirp a tha sinn a' dèanamh gu bhith libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuir Anita Hunt, Àrd-Stiùiriche Roinneil a’ Bhanca Rìoghail: “Tha am Banca Rìoghail air a bhith a’ frithealadh nan Eilean Siar agus luchd labhairt na Gàidhlig airson 180 bliadhna. Tha sinn gu cùramach a’ gabhail an uallaich mu ar luchd-cleachdaidh anns gach coimhearsnachd. Tha sinn an còmhnaidh ag atharrachadh modhan-obrach a–rèir feumalachdan agus tha sinn a’ freagairt agus a’ fuasgladh gach ceist mar a thig iad thugainn. Tha a’ Ghàidhlig gu follaiseach air leabhraichean sheicichean, air bancaichean agus carbadan agus bidh sinn anis a’ leasachadh chùisean. Tha sinn a’ gabhail ri seicichean le briathrachas an Gàidhlig an dèidh beachdan a thàinig thugainn a mheasadh. Tha sinn fìor dheònach a bhith ag èisteachd ri beachdan air dòighean anns an gabh seirbhisean a leasachadh airson ar coimhearsnachdan agus bidh sinn toilichte còmhraidhean eile a chumail le Alasdair Allan BPA agus Bòrd na Gàidhlig mun t-slighe air adhart.”

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mu ghnòthach sam bith a th’anns an Naidheachd seo bho Bhòrd na Gàidhlig, cuiribh fios gu Uisdean MacillInnein air 0751 528 7040.
Faicibh cuideachd: www.mygaelic.com**

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG WELCOMES PROGRESS OF GAELIC CHEQUES WITH RBS

15 May 2009

Bòrd na Gàidhlig, the Gaelic development agency, has welcomed confirmation from the Royal Bank of Scotland that they will accept cheques written in Gaelic.

The Bòrd's Chair Arthur Cormack recently wrote to Royal bank of Scotland Group Chief Executive Stephen Hester to sanction the use of Gaelic in the writing of cheques and following a meeting held in Edinburgh this week, attended by Bòrd and Bank officials, along with Alasdair Allan MSP, The Royal bank has clarified its position and will now be accepting cheques written in Gaelic. The following joint statement was issued after the meeting. "It is recognised that certain practicalities exist, not least the acceptance by retailers and other businesses around the country of cheques written in Gaelic, however the Bank have demonstrated a very constructive and practical approach in finding a solution to the particular issues that were raised. The Royal Bank's undoubted commitment to the Gaelic community is very clear and welcome, and we very much appreciate their efforts in supporting the promotion of Gaelic, through both their ongoing business activities and their long term support of cultural events. We look forward to working with the Royal Bank to support the sustainability of Gaelic along with the Gaelic-speaking community to our mutual benefit."

The Bank's position has been welcomed by Arthur Cormack. He said: "Obviously we were concerned that the bank's apparent decision to withdraw permission for the words of a financial settlement to be used in Gaelic could lead to the eventual eradication of Gaelic in the bank's operation. I would like to think that we can now engage with a range of banks and financial organisations to see how their use of and support for Gaelic can be enhanced, rather than diminished. Our discussions with the Royal Bank of Scotland were very positive and I am sure that we can take this forward now into meaningful progress in terms of supporting further development to support of our delivery of the National Plan for Gaelic." Anita Hunt, Regional Managing Director of the Royal Bank of Scotland said: "The Royal Bank of Scotland has been serving the Western Isles and our Gaelic speaking customers for 180 years. We take our responsibilities to all our customers and communities very seriously. We are changing the way we work as a bank as we recognise and respond to the problems we have faced. The Gaelic language adorns our cheque books, branches and mobile banks and we can now go further. We will accept cheques written in Gaelic in

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



response to representations made to us. We will always listen to ideas of how we can improve our service to the communities of the islands and are happy to agree further ways to do so with Alasdair Allan MSP and Bòrd na Gàidhlig.”

For further information on the Bòrd na Gàidhlig aspects of this news release, please contact Hugh Dan MacLennan on 0751 528 7040.

See also: www.mygaelic.com